

MINEACHADH AIR  
SUIPEIR AN TIGHEARNA,

AGUS

COMHRADH CAIRDEIL EADAR MINISTEIR  
AGUS CRIOSDUIDH AMHARUSACH, MU DHEIGHINN

Sacramaid Suipeir an Tighearn.

LEIS AN URRAMACH


E OIN FLABHAL.

AIR 'ADAR-THEANGAICHTE GU GAELIG LE  
SEUMAS MACGILL'IOSA,  
*Ministeir na h-Eaglais Saoire ann an Cill-beri.*

---

GLASGOW:

PRINTED BY WM. GILCHRIST, 64 HOWARD STREET.



MINEACHADH AIR

# SUIPEIR AN TIGHEARNA,

AGUS

COMHRADH CAIRDEIL EADAR MINISTEIR

AGUS CRIOSDUIDH AMHARUSACH, MU DHEIGHINN

Sacramaid Suipeir an Tighearn.


LEIS AN URRAMACH

EOIN FLABHAL.

AIR 'ADAR-THEANGAICHTE GU GAE利G LE

SEUMAS MACGILL'IOSA,

*Ministeir na h-Eaglais Saoire ann an Cill-beri.*



GLASGOW:

PRINTED BY WM. GILCHRIST, 64 HOWARD STREET.

Is i a' chrìoch a bh' agam 's an amharc ann bhi tionndadh an Leabhair bhig so gu Gàidhlig, math spioradail mo luchd-dùthcha, agus gu h-àraidh mo chomh-thionail féin. Dh' fhairich mi gu mòr an t-ana-cothrom fo an robh iad a thaobh cho tearc 'sa tha Leabhraichean-cheist 'n an cànain féin mu'n òrdugh naomh so ; agus mheas mi gu'm feudadh am mìneachadh so, tre bheannachadh an Tighearna, bhi feumail do chuid do chloinn ghràdhdaich Dhé, a dh'fhaodas a bhi ann an amharus a thaobh an còir ann an Criod, agus, tre sin, dearmadach air an dleasdanas—a bhi nochdadhbh à mach bàis an Tighearna gus an tig E.

S. M'G.

## CIOD I SUIPEIR AN TIGHEARN?

---

Suipeir an Tighearn is sàcramaid i, anns am bheil bàs Chriosd air 'fhoillseachadh le aran agus fion a thabhairt agus a ghabhail, a rèir 'òrduigh féin, agus iad-san a ghabhas so gu h-iomchuidh, tha iad (cha'n ann air mhodh corporra agus feòlmhor, ach tre chreidimh), air an deanamh 'n an luchd-comhphàirt d'a chorpa agus d'a fhuil-san, le 'uile shochairibh, chum am beathachaidh, no chum an altruim spioradail, agus aon fàs ann an gràs.

1. *C.*—Ciod an t-ùghdarris leis am bheil suipeir an Tighearn air a suidheachadh, agus air a h-òrduchadh?

*F.*—Le ùghdarris àrd-uachdaranaill Chriosd, Rìgh na h-eaglais, agus cha'n ann le toil duine: (1 Cor. xi. 23) Oir fhuair mise o'n Tighearn an ni mar an ceudna a thug mi dhuibhse, gu'n do ghlac an Tighearn Iosa aran, anns an oidhche 's an do bhrathadh e.

2. *C.*—Ciod iad na h-earrannan do'm bheil an t-sàcramaid so a' co-sheasamh?

*F.* Tha i a' co-sheasamh do dhà earrainn, aon diubh talmhaidh agus faicsinneach, eadhon aran agus fion, an aon eile spioradail agus neo-fhaicsinneach, corp agus fuil Chriosd: (1 Cor. x. 16) Cupan a' bheannachaidh, a ta sinn a' beannachadh, nach e comun fola Chriosd e? An t-aran a ta sien a' briseadh, nach e comun cuirp Chriosd e?

3. C.—Cionnus a ta na nithe talmhaidh agus nèamhaidh so a' tighinn gu bhi 'n an sàcramaид ?

F.—Le focal an t-suidheachaidh agus le beannachadh Chriosd a theachd orra : (1 Cor. xi. 23-25) Oir fhuair mise o'n Tighearn an ni mar an ceudna a thug mi dhuibhse, Gu'n do ghlac an Tighearn Iosa aran, anns an oidhche 's an do bhrathadh e : Agus air tabhairt buidheachais blaris se e, agus thubhairt e, gabhaibh, ithibh ; is e so mo chorp-sa, a ta air a bhriseadh air bhur son-sa : deanaibh so mar chuimhneachan orm-sa. Agus air a' mhodh cheudna an cupan, an déigh na suipeir, ag ràdh, Is e an cupan so an co-cheangal nuadh ann am fhuil-sa : deanaibhse so, cia minic 's a dh'òlas sibh e, mar chuimhneachan orm-sa.

4. C.—C'uin a dh'òrduich agus a shuidhich Chriosd an t-sàcramaид so ?

F.—Shuidhich e i 's a' cheart oidhche 's an do brathadh e : (1 Cor. xi. 23) Ghabh an Tighearn Iosa aran 'san oidhche 's an do brathadh e.

5. C.—Ciod a ta an t-àm 'san do shuidhicheadh i a' teagasg dhuinne.

F.—Tha e a' teagasg dhuinne meud gràidh agus càram Chriosd d'a shluagh, anns gu 'm bheil e 'san òrdugh so a' deanamh a leithid a dh'ullachadh airson ar comfhurtachd, ged bha fios aige gu'n robh a chruaidh-ghleachd searbh féin dlù air làimh.

6. C.—Ciod am feum agus a' chrioch choitchionn air son am bheil an t-sàcramaïd so ?

F.—Tha i gu daingneachadh, seulachadh, agus soc-rachadh a' chùmhaint nuaidh do chreidmhich : (1 Cor. xi. 25) Is e an cupan so an co-cheangal nuadh ann am fhuil-sa : deanaibhse so cia minic 's a dh'òlas sibh e, mar chuimhneachan orm-sa.

7. C.—Ciod iad na crìochan agus na feuman àraidh airson am bheil i ?

*F.*—'Si a' chend chrìoch agus fheum àraidh airson am bheil i, gu Criod agus 'fhlangais a thoirt as ùr gu ar cuimhne: (1 Cor. xi. 24, 25) Deanaibhse so, mar chuimhneachan orm-sa.

8. *C.*—Ciod a' ghnè chuimhne air Criod a ta air a ciallachadh an so?

*F.*—Cha'n i cuimhne na h-inntinn a mhàin ach a' chuimhne ghràdhach sin air, a leaghas an cridhe, ionann rithe sin a bha aig Peadair: (Mata xxvi. 75) Agus chuimhnich Peadar briathran Iosa a thubhairt ris, mu'n goir an coileach, àicheadhaidh tu mi tri uairean. Agus air dol a mach dha, ghuil e gu geur. No mar Ioseph: (Genesis xlivi. 29, 30) Agus rinn Ioseph cabhag oir bha a chridhe a' tiomachadh r'a bhràthair; agus dh'iarr e àit anns an gnileadh e; agus chaidh e steach d'a sheomar agus ghuil e'n sin.

9. *C.*—Ciod a ta a' chrìoch so aig an t-sàcramaid a' filleadh innte?

*F.*—Tha i a' filleadh innte so, gu'm bheil eadhon a' chuid a's feàrr do shluagh Dhé ro ealamh air Criod a dhi-chuimhneachadh, agus ciod a ghiùlain agus a dh'fhuilaing e air an son.

10. *C.*—Ciod tuilleadh a ta i a' filleadh innte?

*F.*—Tha so, nach 'eil neach 's am bith ach iad-san aig am bheil èolas slàinteil air Criod, agus do'm b'aithne e roimh-làimh, iomchuidh airson an òrduigh so, oir cha'n urrainn do neach 's am bith ni nach aithne dha cheana a chuimhneachadh: (1 Cor. xi. 28) Ach ceasnuicheadh duine e féin, agus mar sin itheadh e do'n aran so, agus òladh e do'n chupan so.

11. *C.*—Ciod e dara feum àraidh agus crìoch na sàcramaid so?

*F.*—Criod a chur fa chomhair chreidmheach mar chomharra freagarrach air féin agus air a bhàs; agus sin araon chum cur an cuimhne, ciallachaidh, agus teagaisg.

12. C.—Cionnus a ta e 'na chomharra cuimhneachail air Criod?

F.—Tha e a' toirt Chriod gu ar cuimhne do bhrìgh gu'm bheil a bhàs agus 'fhlolangasan searbha air am foillseachadh le briseadh arain agus dòrtadh a mach fiona: (1 Cor. xi. 26) Oir cia minic 's a dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'olas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig e.

13. C.—Cionnus a ta e 'na òrdugh sàmhachail?

F.—Tha e 'na òrdugh sàmhachail, cha'n ann a mhàin mar ta e a' foillseachadh a mach fulangais Chriod, ach mar an ceudna aonadh nan creidmheach ris-san mar an ceann, agus ri each a chéile mar bhuill a chuirp: (1 Cor. x. 16, 17) Cupan a' bheannachaidh, a ta sinne a' beannachadh, nach e comunn fola Chriod e? An t-aran a ta sinn a' briseadh, nach e comunn cuirp Chriod e? Oir ged tha sinn 'nar mòran, is aon aran, agus aon chorpa sinn.

14. C.—Ciod an dòigh 's am bheil e 'n a chomharra chum teagaisg?

F.—Tha e a' toirt teagaisg air iomadh dòigh; 's a' cheud àite, tha e a' teagasg dhuinn gur e Chriod an t-aon aran air an urrainn do ar n-anama beathachadh: (Eoin vi. 51) Is mise an t-aran beò, a thàinig a nuas o nèamh: ma dh'itheas neach air bith do 'n aran so, bithidh e beò gu sìorruidh: agus an t-aran a bheir mise uam is e m'fheòil e, a bheir mi airson beatha an t-saoghail; agus, 's an dara àite, mar ta e a' teagasg dhuinn gu'm bheil an Tiomnadhl Nuadh a nis air a làn dhaingneachadh le bàs Chriod an Tiomnaidh-fhir: (Eabh. ix. 16, 17) Oir far am bheil tiomnadhl, is eigin bàs an tiomnaidh-fhir a bhi ann mar an ceudna. Oir ta tiomnadhl daingean an déigh bàis dhaoine, ach cha 'n 'eil brìgh 's am bith ann am feadh a ta'n tiomnaidh-fhear beò.

*Ceist 1.*—Nach 'eil aran agus fion 'n an nithibh ro-shuarach agus coitchoinn gu corp agus fuil Chriosd a shàmhachadh?

*Freag.*—Ged tha mìr arain agus làn beòil do fhion n'an nithibh gun mhòr luach anna féin; gidheadh tha iad mòr a thaobh am feuma agus an crìche. Tha luach sgillinn do chéir 'na ni beag ann féin; ach air dha bhi air a chàradh air comharra-sgrìobhaidh, feudaidh e tighinn gu bhi 'na luach iomadh mile punnd Sasunnach, 'n uair a ta seula oighreachd mhòir air a chur air.

*Ceist 2.*—Nach 'eil an t-aran anns an t-sàcramaid air a thionndadh gu fior chorp Chriosd féin le Brìgh-atharrachadh (Transubstantiation) ?

*Freag.*—Cha'n 'eil idir; ach tha na sàmhlaidhean a' fantuinn 'nan aran agus 'nam fion, gun atharrachadh 's am bith air an nàdur an déigh focail a' choisrigidh, agus mar sin tha iad air an ainmeachadh: (1 Cor. xi. 26) Oir cia minic, &c.; (Mata xxvi. 29) Ach tha mi ag ràdh ribh, nach òl mi á so suas do thoradh so na fionain, gus an là sin anns an òl mi e nuadh maille ribh ann an rioghachd m'Athar.

*Ceist 3.*—Ciod i a' cheud argumaid leis am bheil Protastanaich a' cur bun os ceann teagaisg Phàpanaich a' Bhrìgh-atharrachaidh?

*Freag.*—Tha a' cheud argumaid 'n a aghaidh air a tarruing o'n chrìch a ta aig an t-sàcramaid, eadhon a bhi ag ath-chuimhneachadh cuirp agus fola Chriosd: (1 Cor. xi. 24, 25) Deanaibhse so mar chuimhneachan orm-sa &c. A nis tha comharran cuimhneachaidh gu feum a thaobh nithe nach 'eil a làthair, agus cha'n ann a thaobh nithe a ta làthair.

*Ceist 4.*—Ciod i an dara argumaid?

*Freag.*—Do bhrìgh na cainnte 's an do labhair ar slànuighear, oir cha robh ciall 's am bith eile innte, a thaobh nach 'eil focal air bith eile a ghabhas cur 'na h-àite ach focal d'am brìgh *fior bhith* (*is*), mar ta e

soilleir o'n dà Thiomnad : (Genesis xli. 27) Agus na seachd bà caola agus grànda a thàinig 'n an deigh, *is* seachd bliadhna iad: (Tais. i. 20) *Is* iad na seachd reultan, aingil nan seachd eaglaisean : agus *is* iad na seachd coinnleirean a chunnaic thu, na seachd eaglaisean.

*Ceist* 5.—Ciod i an treas argumaid an aghaidh a' Bhrìgh-atharrachaид?

*Freag.*—Tha na h-amaideachdan lìonmhòr agus gràineil, a ta gu nàdurra agus gu do-sheachanta a' sruthadh o'n teagasg so, a' nochdadadh cho meallta's a ta e, agus gu'm bheil e ceart do gach Crioduidh fallain a dhiùltadh agus 'fhìor-fhuathachadh.

*Ceist* 6.—Ciod a' chend mhi-reusontachd a ta 'ga leantuinn?

*Freag.*—Tha an teagasg so a' cur an comas shagartan amaideach ni nach 'eil an comas aingle nèimh. Tha e toirt cumhachd dha a chruith-fhear a dheanamh agus a Dhia itheadh. Agus ann bhi dearbhadh an ni so le uile-chumhachd Dhé, cha'n'eil iad ag ràdh ni ach na dh'fheudas Turcach a ràdh, gu bhi dearbhadh nan amaideachdan a's neònaiche anns an *Alcoran*.

*Ceist* 7.—Ciod i dara mi-reusontachd a' Bhrìgh-atharrachaид?

*Freag.*—Si an dara mi-reusontachd gu'm bheil e ag àicheadh firinn an teisteis a ta faireachaidhean nan uile dhaoine a' toirt gur e flor aran agus fion a ta annta an déigh a' choisrigidh, agus nach e feòil, agus ful. Agus mur 'eil a' ghnè theisteis so seasmhach, cha ghabh bith Dhé bhi air a dhearbhadh leis na nitibh a rinneadh; ni a ta calg-dhìreach an aghaidh na firinn: (Romh. i. 20) Oir *riamh* o chruthachadh an t-saoghal tha a nithe-san nach feudar fhaicinn, *eadhon* a chumhachd sìorruidhagus a Dhiadhachd, &c.

*Ceist* 8.—Ciod an treas mi-reusontachd a ta leantuinn an teagaisg sin.

*Freag.*—Le bhi ag ràdh gu'm bheil na buadhan a

bhuineas do aran agus do fhìon a' fantuinn an déigh d'am fior-bhrìgh falbh, tha iad a' eur an céill gu'm bheil fad, agus leud, agus tiuighead, buige agus milseachd far nach 'eil ni air bith, fada, no tiugh, bog no milis, ni a ta gu tur eu-comasach.

*Ceist 9.*—Ciod i ceathramh mi-reusontachd a' Bhrìgh-atharrachaidd?

*Freag.*—Tha e filleadh ann gu'n do shuidh corp bed Chriosd gu h-uile aig a' bhòrd, agus gu'n robh e aig a' cheart àm marbh agus ann am beul agus am broinn nan deisciobul: agus anns gach sàcramaid an déigh sin gu'm bheil e gu léir air nèamh, agus gu léir anns gach liutha mile àite air an t-saoghal 's am bheil an t-sàcramaid air a frithealadh.

*Ceist 10.*—Ciod a ta briseadh an arain agus dòrtadh a mach an fhiona anns an t-sàcramaid a' ciallachadh?

*Freag.*—Tha iad a' ciallachadh bàis ainneartaich agus plantail Chriosd, agus f'hlolangais shearbha air ar son-ne: (1 Cor. xi. 26) Oir eia minic a's a dh'itheas sibh an t-aran so agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig e.

*Ceist 11.*—Ciod a ta toirt agus gabhail an arain agus an fhiona anns an t-sàcramaid a' ciallachadh?

*Freag.*—Tha na gníomha sin a' ciallachadh Dhé a' tairgseadh Chriosd agus a shochairean, agus chreid-mheach 'g an co-chur r' an anamaibh.

*Ceist 12.*—Cò a ta freagarrach airson suipeir an Tighearna a ghabhail?

*Freag.*—Cha'n 'eil neach air bith a ta fìor aineolach no oilbheumach, no ana-creidmhich 'nan staid nàdurra; oir cha'n urrainn doibh sin iad féin a cheasnachadh, mar tha 'm focal ag iarraidh: (1 Cor. xi. 28, 29) Ach ceasnaicheadh duine e féin, agus mar sin itheadh e do'n aran so, agus òladh e do'n chupan so. Oir ge b'e a dh'itheas agus a dh' òlas gu neo-ionchuidh tha e

'g itheadh agus ag ðl breitheanais dha féin, do bhrìgh nach 'eil e a' deanamh aithne air corp an Tighearna.

*Ceist 13.*—Am bheil muinntir onorach, mhodhalta, agus mheasarra, deasaichte airson na sàcramaid so?

*Freag.*—Cha'n 'eil—cha dean siobhaltachd no deadhbheus daoine a dheasachadh: oir cha'n iad sin trusgan na bainnse: ach is e gràs ath-ghineamhuinn agus creidimh anns an tomhas a's lugha e: (Mata xxii. 12) Agus thubhairt e ris, a charaid, cionnus a thàinig thusa steach an so, gun trusgan na bainnse umad: (1 Cor. x. 16, 17) Cupan a' beannachaidh, a ta sinne a' beannachadh, nach e comunn fola Chriosd e? An t-aran a ta sinn a' briseadh, nach e comunn cuirp Chriosd e? Oir ged tha sinne 'n ar mòran, is aon aran agus aon chorp sinn, oir a ta againn uile comh-phàirt do'n aon aran.

---

### COMHRADH CAIRDEIL EADAR MINISTEIR AGUS CRIOSDUIDH AMHARUSACH, MU DHEIGHIIN SACRAMAID SUIPEIR AN TIGHEARNA.

*Criosd.*—A mhaighstir, mur bi e 'n a ghrabadh air 'ur meòrachadh, bhithinn toileach fuasgladh fhaotainn o iomadh teagamh a ta 'g éirigh a'm' inntinn, mu thimchioll comh-phàirteachadh de shàcramaid bheannaithe Suipeir an Tighearna.

*Min.*—Bithidh mi glé thoileach còmhradh 's am bith a dheanamh a chum bhi toirt air falbh nan amharusan sin a dh'fheudas a bhi cur buaireis ort a thaobh sin, uime sin guidheam ort, abair romhad.

*C.*—Le'r cead, chuala agus leugh mi iomadh searmoin a ta a' dian-sparradh, agus a' cur an céill gu'm bheil sinn fo fhiachaibh comh - phàirteachadh de 'n òrdugh bheannaichte so, agus gidheadh cha robh riamh do dhànochd agam gabhail deth.

*M.*—An do chaith thu, ma seadh, do bheatha gus a nis ann bhi deanamh dearmaid air an dleasdanach chud-thromach so.

*C.*—Gu bhi labhairt gu saor, le'r cead, cha do chomh-phàirtich mi riamh fathast deth; do bhrìgh gu'n robh mi gu mòr an teagamh an robh mi iomchuidh air an t-seula bheannaichte agus naomh sin a ghabhail, chum glòire Dhé, agus chum m' *fhògħluim* agus mo chomh-flurtachd féin, a chionn nach do thuig mi riamh, gu soilleir, suidheachadh, nàdur frithealaidh, agus crìoch-an an òrduigh, no an t-uidheamachadh a dh' fheumas iad-san a ta gu bhi 'n an luchd-comh-phàirt deth, a réir òrduchaidh Iosa Criod.

*M.*—Tha dòchas agam, mata, ma bhios, na nithe so air am fosgladh suas gu soilleir duit, gu'n cuidich e gu mòr gu bhi toirt air falbh t'amharusan.

*C.*—A mhaighstir, gabhaidh mi ri'r teagasg le taingeileachd, agus mur 'eil mo chridhe 'g a mhealladh, ni mi gàirdeachas anns an t-solus agus 's an eòlas a dh'fheudas mi fhaotainn uaithe.

*M.*—Rannsuicheamaid mata, 's a' cheud àite, ciod iad comharraidhean fior chriosduidh gu coitchionn, agus, 's an dara àite, ciod an t-uidheamachadh a ta aca-san a ta freagarrach air son comh-phàirteachadh do Shuipeir an Tighearn, oir tha iad eadar-dhealaichte, agus air uairibh sgairichte.

*C.*—Tha dòchas agam, le so a dheanamh gu'n cuidich sibh mi gu mòr gu bhi a' toirt breth air mo staid agus air mo chor 's an àm a ta làthair, a thaobh Dhé. Agus a nis, air tùs, guidheam oirbh mo theagasg cionnu a dh'fheudas mi aithneachadh am bheil mi a' m' Chriosduidh tréibhdhireach?

*M.*—Tha aig gach fior chreidmheach, maille ri gràsaibh eile, a leithid do eòlas air Dia ann an Criod 's a dh'oibricheas tre ghràdh, agus a bhrosnuicheas e gu bhi rannsachadh toile Dhé gu dùrachdach, agus tha

e air a dhùsgadh suas gu bhi toirt oidhirp thréibh-dhirich air bhi beò ann bhi 'g a creidsinn, ann an eòlas oirre, agus ann bhi 'g a deanamh.

*C.*—A mhaighstir cha'n urrainn domh uaill a dheanamh á m' eòlas, gidheadh, trìd gràis Dé a nochdadh dhomh, tha dòchas agam gu'n d' thug na beachdan a ta agam mu Dhia ann an Criod buaidh orm 'n a leithid do thomhas agus gur e bhi beò ann an eòlas air, ann bhi 'g a ghràdhachadh agus 'g a mhealtruinn, agus gach ni a bhuineas domh a bhi air a choisrigeadh d'a thoil agus d' a ghlòir, an t-aon nèamh a ta mi ag iarraidh anns an t-saoghal so, agus cuid mhòr de sin ris am bheil dòchas agam 's an t-saoghal ri teachd.

*M.*—Tha iad sin 'n an deadh chomharraighean air fior atharrachadh agus ath-nuadhachadh air t'anam, agus mar sin gun teagamh dh'oibrich iad aignidhean maithe annad, nithe air am bheil aithne agad a'd' chridhe, agus a ta follaiseach a'd' bheatha agus a'd' ghiùlan.

*C.*—Cha b' àill leam miodal a dheanamh rium fèin, ach gidheadh tha dòchas agam gu'm bheil mia'faotainn cuid do thlachd ann am focal Dé, araon air a leughadh agus air a shearmonachadh, agus tha mi gu suidhichte a' beachd-smuaineachadh air, a chum gu'm fàs mi ann an gràs agus ann an eòlas air Iosa Criod ar Tighearna. Agus ged tha mi air uairibh air mo bhuaireadh le smuaintibh gràineil agus diomhain, gidheadh tha mi ag oidhirpeachadh am mùchadh, agus tha mo chridhe ag éiridh 'n an aghaidh. Tha mi a' toirt buidheachais do Dhia gu'm bheil mi stri ri cur an aghaidh ceud ghluasadán a' pheacaidh, agus a' seachnadh uile aobharan an uile, agus cha'n eil mi aig àm 's am bith ni's neo-fhoistinniche na 'nuair a thachair-eas domh a bhi ann an cuideachd sluaigh mhi-naoimh agus uile : oir tha fuath agam do bhreugaibh, do chainnt dhraosda agus shalaich, do mhionnaibh, do mhallachadh,

agus do gach masladh eas-urramach a ta air a thilgeadh air Dia agus air diadhaidheachd. Tha mi 'g a dheanamh 'n a chùis coguis gun bhi togail tuaileis air mo choimhearsnaich, agus a bhi ceart agus maith a dheanamh do na h-uile a réir mo chomais, agus imeachd ann an uile àitheantaibh an Tighearna gu neo-choireach.

*M.*—Ma's iad sin toraidhean agus oibre do chreidimh, cha chreidimh marbh e; gidheadh cha 'n fheud sinn ar taic a leigeil air ar n-oibríbh féin no air ar fireantachd féin air son fireanachaíd, toillteanais, no riarachaíd, do bhrìgh agus gu'm biodh sin a' lughadachadh toillteanais agus riarachaíd Iosa Criod, agus cunnartach d'ar n-anamaibh féin.

*C.*—Tha deadh fhios agam nach 'eil fireantachd ann ach tre fhuil Iosa, ni mò a tha 'chridhe agam earbsadh á m' fhìreantachd féin, ach á 'fhìreantachd-san a mhàin, airson maitheanais agus fuasglaidh o m' pheacadh. Agus ma ta mi tre ghràs air mo dheanamh comasach air toradh 's am bith a thoirt a mach iomchuidh do chreidimh, do aithreachas, agus do ghràdh an t-soisgeil, air an son sin tha mi a' moladh Dhé mar chuid do m' dhleasdanas agus do m' shonas, agus tha mi ag iarraidh amharc orra mar dhearbhaidhean air creidimh (ma's airidh iad air sin), agus cha 'n ann air mhodh 's am bith eile.

*M.*—Tha sin gu maith. Ach am bheil thu ghnàth faotainn t'anama ann an suidheachadh agus ann am fonn maith, gun tuisleadh, gun sleamhnachadh, gun chlaonadh?

*C.*—Cha 'n fheud mi ràdh gu'm bheil, oir feumaidh mi aideachadh le bròn gu'm bheil mo smuaintean aig amaibh truaillidh, mo bhriathra neo-bhlasda gun bheatha, agus mo ghnionhara gun bhi deanamh maiseach teagaisg an t-soisgeil agus Dhé mo shlànuighir. Ach is ann a tha iad 'n an nithibh a dh'fheud-

as a bhi 'n am bròn agus 'n an ribe do mhuinnitir eile. Cha'n' eil mo chàil spioradail do fhòcal Dé ach glé neo-gheur, agus cha'n' eil 'ùghdarris air 'fhaireachadh ro-chumhachdach leam, air chor's gu'm bheil mi neo-ullamh airson ni maith's am bith, eadhon mar dhuine marbh, mar gu'm biodh mo dhiadhadheachd gun bheatha, gun anam innte.

*M.*—Ro mhaith, ach 'n uair a thuiteas tu mar so ann am peacadh, no 'dh' fhàilnicheas tu ann do dhleasdanas, ciod do bheachd ort féin agus air do shlighibh? Ciod an drùghadh ata sin a' deanamh ort?

*C.*—Nuair a ta mi's an t-suidheachadh bhrònach so, tha m'anam gu mòr fo bhuaireas, tha m'aoibhneas agus mo shìth ecguis air falbh; ach an uair a ta mi air mo dhùsgadh as a' mharbhantachd pheacaich so, tha mo chridhe an sin air a leaghadh le bròn airson m'amaideachd agus mo mhi-bheus, agus tha mi'g iarraidh dh' ionnsuidh Dhé le mòr eagal agus nàire, ag aslachadh air gu h-iriosal gu'n ath-nuadhaicheadh e spiorad ceart an taobh stigh dhiom.

*M.*—Mata, charaid, ma's e agus gu'm bheil do choguis a' daingneachadh an ni a labhair do theangadh, chuir thu an céill gu leòir a dhearbhadh tréibhdhireis t-ùmhlachd do Dhia, agus gu'm bheil thu a'd' chreid-mheach fallain, agus a'd' iompachan tréibhdhireach. Agus tha dòchas agam gu'm bheil, mar an ceudna, creidimh agad ann an Iosa Criod an t-eadar-mheadhonair, neach mur'eil urram cubhaidh againn dha, cha'n fhiù ar creidimh agus ar n-aignidhean maithe bhi air an gairm d'a rìreadh soisgeulach agus slàinteil.

*C.*—Trìd gràis is e mo mhiann an Tighearn Iosa Criod aideachadh agus a dhlù-ghabhail do m' ionnsuidh air na cumhachaibh air am bheil e air a thairgseadh anns an t-soisgeul, a theagasan uile chreidsinn mar m' fhear-teagaig agus m' fhear-stiùraidh, m' earbsa agus mo thaic a chur ann mar àrd-shagart ar n-aidmheil,

a ta deanamh réite le 'iobairt agus le 'eadar-ghuidhe. Agus is e mo dhùrachd strìochdadadh d'a uachdararanachd mar Thighearn agus Rìgh 'eaglais féin.

*M.*—Is glé chudthromach na nithe air an d' ràinig thu agus tha iad a' gabhail a stigh suim a' chreidimh shlàinteil. Ach am bheil thu mothachail cionnus a ràinig thu air na rùnaibh maithe agus air an t-suidheachadh inntinn sin? Am bheil thu saoilsinn gu 'n robh iad nàdurra dhuit, no gu 'n d' éirich iad o leasachadh do reusoin, do buadhan, no do cheud-fàthan nàdurra.

*C.*—O mhaighstir, cha dàna leam a chur as leth nàduir an ni sin a ta mhàin 'n a thoradh air gràs Dé, oir ma tha tomhas air bith do naomhachadh againn, tha sin a mhàin trìd tiodhlaic agus gràis Dè; oir tha mòr mhothachadh agam gu'm bheil mi beò a thaobh nàduir do dhìomhanas agus do pheacadh; ach marbh agus gun bheatha do Dhia agus do gach fior mhaitheas; gu'm bheil mi a'm' dhorchadas; gu'm bheil amайдeachd a' gabhail seilbh' air m' anam; gu'm bheil mi ann an nàimhdeas ri Dia, agus gu tur eu-comasach air an ni sin a ta maith 'n a shùilibh a rògh-nachadh no dheanamh; agus gu 'm bheil mo chridhe gu mòr an aghaidh slighe na slàinte a ta air a cur fa'r comhair ann an soisgeil Chriosd.

*M.*—Agus an do rùnaich thu gu daingean, tre chòmhnhadh Dhé agus tre chuideachadh a Spioraid bheannaichte, gu'n oidhircipheadh tu buanachadh anns a' chreidimh agus anns a' chleachdadadh air an d' rinn thu iomradh air an uair, gu crìch do bheatha?

*C.*—Cha 'n 'eil ni roimh am mò am bheil do uamhas orm na roimh thuiteam air falbh, agus fàs mi-churamach ann mo dhleasdanas agus a'm' aidmheil, agus gu'm biodh agam eridhe a bhiodh a' cùl-sleamhnachadh o'n Tighearna; agus tha mi gu dùrachdach a' deanamh faire agus ùrnuigh an aghaidh gach coslais agus tomhais deth.

*M.* — Am bheil thu a' smuaineachadh trìd do neirt agus do chomais féin gu'm bheil cumhachd agad air buanachadh agus seasamh ann an creidimh an t-soisgeil an aghaidh nam buairidhean, agus nan truaillidheachdan lionmhòr a ta toirt ionnsuidh oirnn, agus mhi-bheusan muladach nam muinntir sin a bha cosmhuil ri bhi 'n am puist ann an tigh Dhé ?

*C.* — Cha 'n eil earbsa 's am bith agam á mo chomas-aibh féin, tha mi toirt cinnte dhuibh ; ach tha mi deanamh *buin* gu h-uile as a' charraig a's àirde na mi féin, eadhon as-san a gheall gu'n coimhlion e an deadh obair a thòisich e gu là Chriosd. Tha mi 'g earbsadh as-san a 's e ùghdair agus fear-crìochnaich a' chreidimh ; agus tha mi ag aslachadh a Spioraid Naoimh gu m' theagast, gu m' stiùradh, gu m' chuid-eachadh, agus gu m' chomhfurtachadh. Agus tha mi gu dùrachdach a' miannachadh agus a' rùnachadh (tre ghràs Dé) dùil a bhi agam ris a' chabbair sin ann bhi frithealadh air Dia a ghnàth 'n a uile òrduighibh le cridhe tréibh dhireach iriosal agus creidmheach.

*M.* — Tha iad sin uile 'n an dearbhaidhibh soilleir air gràs slàinteil Dhé, ni a ta mi a' guidheadh air an Tighearn a bhuanachadh a ghnàth agus a mheudachadh ann do chridhe, chum gu'm bi agad làn dearbh-chinnte air a ghràdh-san a bhuin cho gràsmhor riut.

*C.* — Gu'n deònaicheadh an Tighearna gu'm bi mi comasach, ann am mothachadh air a ghràdh do m'anam, air gluasad gu cubhaidh d' a ghràs. Agus a nis' a mhaighstir, o na chaidh ràdh, am bheil sibh a' smuaineachadh gu'm feud mi'ghabail orm beathachadh air Iosa Criosd aig a bhòrd, agus an seula beannaichte sin air gràdh m'fhir-saoraidh a ghabail do m' ionnsuidh ?

*M.* — Tha fios agad gu'n d' innis mi dhuit gu'm feud duine bhi 'n a fhìor Chriosduidh, agus gidheadh gun e bhi iomchuidh air gabhail do'n òrdugh naomh

so ; do bhrìgh gu 'm feud e creidsinn chum slàinte agus gidheadh e bhi cho aineolach air an dìomhaireachd so, agus nach urrainn da co-chur freagarrach a dheanamh oirre r' a anam féin.

C.—Ah mhaighstir ! bu mhaith leam a bhi air mo theasgasg ciod a dh'fheumas a bhi air a dheanamh le creidmheach fallain chum 's gu 'm feud e comh-phàirt-eachadh do'n òrdugh bheannaichte so.

M.—'S a' cheud àite, feumaidh e 'thoirt fainear, a thaobh nan *comharraidhean* a ta air an cleachdad 's an òrdugh so, nach 'eil iad ni's mò 'nan aran agus 'nam fion coitchionn an déagh dhoibh bhi air an coisrigeadh, ach gu 'm bheil iad air an cur air leth chum feuma naoimh, agus ri bhi air an gabhall le èolas naomh agus le eagal. Agus air an aobhar sin bha na Corintianaich air an coireachadh leis an Abstol airson an aineolais, agus an cion-urraim (1 Cor. xi). Agus a rìs, gu 'm bheil na sàmhlaidhean so, mar sin air an *cur* air leth agus air am beannachadh le òrdugh Chriosd, a' taisbeanadh Fir-saoraidh ceusda, agus gu 'm bheil sinn ri 'n gabhall le gràdh mar chuimhneachan air a bhàs ; agus le creidimh mar sheula a' gheallaidh, agus mar na meadhanan a shuidhich Dia chum sochairean Chriosd air a cheusadh a ghiùlan a stigh do 'n anam.

C.—Tha na smuaintean sin gu beachd a' dùsgadh mo thograidhean chum bàis an Tighearn a chuimhneachadh, ni a ta mi an dòchas a dheanamh leis na dearbh aignidhibh a chuir sibh a nis fa m' chomhair ; agus tha dòchas agam gu 'n sàsuich mi mo shùilean leis a' chuspair mhaiseach sin a ta cho làn do ghràdh ; agus gu 'n drùigh mo shùil cho domhain air mo chridhe a thaobh m' fhir-saoraidh naoimh agus gu 'n coinnich mi ri m' Tighearna beannaichte anns gach slighe a dh'òrduich e.

M.—A rìs, is còir duit thu féin a rannsachadh chum gu 'm bi mothachadh agad air d' fheumaibh agus air

t-uireasbhuidhibh, agus gu'n tig thu gu Criod airson comh-roinn do ghràsaibh a Spioraid naoimh; chum 's gu'n oibrich do chreidimh, do ghràdh, t' aithreachas, agus gach uile ghràs eile le a leithid do bhlàthas agus do bheothalachd 's a bheir air Iosa Criod aoibhneas a dheanamh annad, agus ort-sa ann-san, chum gu'm bi air gach taobh cùmhnant do ghràidh agus t'ùmhachadh do d'Shlànnighear air 'ath-nuadhachadh le aoibhneas.

*C.*—A mhaighstir, cha'n urrainn duinn a smuain-eachadh gu'm feud gràs oibreachadh agus a bhi gniomhach far nach 'eil *an nàdur nuadh*, ni's mò na dh'fheudas gluasad a bhi far nach 'eil beatha; ach tha e air a ràdh gu coitchionn gu'm bheil an t-sàcramaid naomh 'n a meadhon beothachaidh agus altruim, comh-fhurtachaidh agus daingneachaidh.

*M.*—Cha'n 'eil teagamh nach d'fhuair iad-san a chomh-phàirtich gu h-iomchuidh do 'n fhéisd bheann-aitche so an gràdh air a lasadh, an creidimh air a neartachadh, an ùmhachadh air a daingneachadh, agus an irioslachd air a meudachadh, air chor's gu'n robh iad gràineil 'n an sealladh féin, agus fuath buileach aca do'n pheacadh, agus dùil dhùrachdach agus iarrtas aca an déigh foillseachaidh ghlòrmhoir an Tighearna bheannaichte agus an Fhir-shaoraidh.

*C.*—Do bhrigh gu'm bheil na beannachdan cho mòr, tha sin 'g am dheanamh ni's dian-thogarraiche air bhi a'm' fhear-comh-phàirt de'n diomhaireachd naoimh so.

*M.*—Is e dleasdanas uile mhinisteirean Chriosd aran na beatha anns an t-sàcramaid, agus cupan an t-sòlais a thoirt dhoibh-san air am bheil ocras agus tart an déigh Iosa Criod, agus 'fhìreantachd, agus a rioghachd. Agus nis dh' innis mi dhuit do dhleasdanas, agus tha mi toileach nàdur an òrduigh bheannaichte, agus na nithe a bhuineas da, a chur an céill duit.

*C.*—A mhaighstir, feumaidh mi aideachadh nach 'eil

mi cho maith air mo theagascg 's an ni so ; agus mur bi mi ro-dhraghail duibh bu taitneach leam a thuigsinn ciod e an t-òrdugh naomh so, agus c' arson a ta sàcramaid air a ràdh ris.

*M.*— Is e seula cùmhaint Dhé ann an Criosc e anns am bheil Criosc le 'uile shochairibh, tre chomharraidh-aibh faicsinneach àraidh a shuidhicheadh le'r Slànuigh-ear, air a thaisbeanadh, air a chomh-phàirteachadh, agus air a sheulachadh dhoibh-san a ta gabhail diubh gu h-iomchuidh. Bha am focal sàcramaid o shean air a chleachdadh gu bhi ciallachadh a' Bhaistidh agus Suipeir an Tighearn, agus bha e air a thoirt leis na h-aithrichibh air tùs o na mionnaibh leis an robh na saighdearan Ròmhanach air an ceangal r'an dleasdanas, agus cha robh e air a cheadachadh dhoibh a bhi 'n an saighdearaibh gus an robh iad 'g an cur féin gu sòluimte fo na mionnaibh, no fo'n t-sàcramaid sin. Tha iomad ainm eile air a thoirt da 'san sgriobtuir, mar a ta briseadh arain (Gníomh ii. 43); Bòrd an Tighearna (1 Cor. x. 21); An co-chomunn (1 Cor. x. 16).

*C.*— Guidheam oirbh cia lòn sàcramaid a bha air an suidheachadh fo 'n Tiomnadhl Nuadh ? Agus ciod an t-ùghdarrings leis an d'òrduicheadh iad ?

*M.*— Cha'n eil ach a mhàin dà shàcramaid, Baisteadh agus Suipeir an Tighearna, agus dh'òrduicheadh iad le ùghdarrings Iosa Criosc a mhàin, agus gu *neo-mheadhonach*: agus na cùig ud eile a chuir na Pàpanaich riu agus d' am bheil an t-ainm sàcramaid air a thoirt, mar a ta òrdugh no òrduchadh shagart, féin-dhìoladh, pòsadh, daingneachadh, agus ungadh deireannach no ungadh aig uair a' bhais, is nithe iad nach robh idir air an suidheachadh le Criosc, ni mò a tha iad freagarrach airson crìoch sàcramaid.

*C.*— Ciod na sàmhlaidhean a ta ri bhi air an cleachdadh ann an sàcramaid Suipeir an Tighearn.

*M.*— Aran agus fion gun ni 's am bith eile (Lucas

xxii. 19, 20.) Agus tha gach neach a chomanaicheas ri 'n gabhail le chéile, a dh'aindeoin cleachdaidh dhàna agus mhi-naoimh nam Pàpanach, a ta toirt a mhàin an arain no an *wafer* do 'n t-sluagh, gun neach a bhi gabhail do 'n aran agus do 'n fhìon araon ach an sagart, agus sin a dh' easbhuidh reusoin fhallain no ùghdarrais o 'n sgriobtuir ; agus tha e cho maith dhoibh aon 's am bith eile do òrduighibh no do reachdaibh Iosa Criod a thrualeadh, no sgrios gu tur, agus a ghabhail orra so a dheanamh.

*C.*—Ciod an coslas no an co-chòrdadh a ta eadar aran agus fìon nan sàmhlaidean agus an ni a ta air a chiallachadh leò ann an Suipeir an Tighearn ?

*M.*—Tha aran cho do-sheachanta agus gu'm bheil e gu tric air a chur airson gach seòrsa bìdh, agus gach ni feumail, agus tha an greim a 's lugha dheth gu léir 'n a aran; mar so is e Criod biadh agus uile dheanamh suas uireasbhuidhean an anama, agus tha gach fear-comanachaидh airidh a' gabhail Chriod gu h-uile agus gu h-iomlan, agus mar nach 'eil arbhar 'n a aran gus am bheil e air a bhruthadh agus air a bhleith, mar sin cha bhiodh Criod 'n a bhiadh dhuinne, mur biodh e air a bhruthadh le lotaibh agus le doilghios ; agus mar is e aran biadh coitchionn gach uile shluaign, is e Criod beatha gach fìor Chrioduidh. A ris mar dh'fheudas aran, air bhi dha 'n a chorp daingean, corp Chriod a shàmhlaichadh gu freagarrach, mar sin feudaidh fion, a chionn gu 'm bheil e neo-sheasmhach 'fhuil a shàmhlaichadh. Agus mar a ta fion air 'fhàsgadh as an fhìon-dhearc, mar sin bha ful Chriod air a fàsgadh a mach le 'chruaidh-ghleachd, agus le lotaibh a' chroinn-cheusaидh.

*C.*—Nach feud an t-aran agus am fion aig ar bùird choitchionn an ni ceudna a shàmhlaichadh ?

*M.*—Cha 'n fheud; do bhrìgh gu 'm bheil so air a chur air leth gu sòluimte, agus air a choisrigeadh airson feuma sàcramaideil, le ùrnuiigh agus le beannachadh,

agus le bhi co-chur ris nam briathar a chleachd ar slànuighear caomh aig suidheachadh an òrduigh so.

*C.*—Nach 'eil an t-aran agus am fion, an déigh bhi air an coisrigeachd, air am brìgh-atharrachadh o nàdur arain agus fiona gu dearbh nàdur agus brigh cuirp agus fola ar Slànuighir, do bhrigh gur iad briathra Chriosd féin, Is e so mo chor-p-sa; Is i so m' fhuil-sa?

*M.*—Cha 'n 'eil air chor air bith; is e tha 'n sin mearachd Phàpanach an lorg am bheil mòran do amайдeachd agus do chleachdaidhibh iodhal-aorach a' dol, Ach is e corp agus fuil Chriosd e 's an t-seadh 's an dubhaint Criosd e; agus cha dubhaint e, " Cha 'n 'eil dearbh nàdur arain an so ni 's mò, ach dearbh nàdur mo chuirp-sa;" agus tha an dòigh labhairt so gu tric air a cleachdad 's an Sgriobtuir, agus gidheadh cha 'n 'eil i ghnàth ri bhi air a tuigsinn 's an t-seadh litireil ni 's mò na ta na briathran, B'i a'charraig sin Criosd; Is mise an fhònain fhìor, an dorus, am buachaille, &c. A thuilleadh air sin, shònraich Criosd e gu bhi 'n a Shàcramaid, 's e sin, 'n a chomharra air an ni a ta e sàmhachadh, a nis cha 'n urrainn da bhi 'n a fhìor chor-p Chriosd, agus 'n a shàmhlaidh air mar an ceudna. Tha mar an ceudna ar faireachaidhean leis am bheil sinn a' faicinn, a' faotainn fàile, agus a' blasad, a toirt dearbh-chinne dhùinn gur e aran agus fion a ta *annta*, agus nach deachaidh an nàdur atharrachadh air mhodh 's am bith an déigh bhriathran a' choisrigidh. Agus ma dh 'aicheadheas sinn ar faireachaidhean 's a' chùis so, tha e cho laghail dhùinn a chur an teagamh am bheil na briathran, Is e so mo chor-p-sa &c., air an cur sios anns na sgriobtuiribh naomha, ged tha sinn 'g am faicinn an sin.

*C.*—Mur e an t-aran agus am fion corp agus fuil Chriosd gu firinneach agus 'n an dearbh nàdur, cionnus ma seadh a ta am fior chreidmheach, ann bhi 'g an gabhail, 'g an itheadh, agus 'g an òl, a' gabhail,

ag itheadh, agus ag òl do chorp agus do fhuil Chriosd?

*M.*—Trìd bhi gabhail nan sàmhlaidhean sin, mar sin air an coisrigeadh, mar chomharraidhean, mar sheulachan, agus mar mheadhonan, gu Criosd agus a shochairean a ghiùlan do 'n anam; agus tha am fìor Chriosduidh 'g am faotainn air an deanamh thairis dha co chinnteach agus a ni sgrìobhadh le làimh, le seula, agus le fianuisibh, fearann no sochairean eile a chomh-phàirteachadh, ged nach 'eil iad gu corporra anns an sgrìobhadh féin.

*C.*—Ciod iad gnìomharan a' mhinisteir ann bhi frithealadh an òrduigh so?

*M.*—An déigh an t-aran a bheannachadh brisidh se e agus bheir se e do 'n luchd-comanachaидh ann am briathraig Iosa Criosd, a' ciallachadh le sin Iosa air a cheusadh, neach a lotadh airson ar n-euceartan. Dòirtidh e mach an sin am fìon am fianuis a' choimhthionail agus bheir e dhoibh sin, mar an cendna, an déigh dha 'bheannachadh ann am briathraig Chriosd. Agus ann an sin tha air a shàmhlaichadh dhuinn ar fear-saoraidh caomh, a' dòrtadh 'fola air ar son, ni a's e 'n iobairt-réitich leis am bheil sinn a' faotainn maitheanais peacaidh. Anns a' ghniomh so tha am ministeir, air dha bhi seasamh ann an àite Chriosd mar a sheirbhiseach (anns am bheil Criosd a' làthair agus le ùghdarras a spioraid), a' taigseadh agus a' toirt Chriosd le 'uile shochairibh cho cinnteach 's ged bhiodh e air labhairt nam briathra ceudna 'n a phearsa fhaicsinnich féin.

*C.*—Ciod iad na sochairean a ta Criosd a' toirt, agus sinne gabhail 's an òrdugh so?

*M.*—Cleachdadadh agus fàs gach uile ghràis, glanadh d' ar n-anamaibh o chionta a' pheacaïdh; leigheas do na lotaibh a rinn peacadh 'n ar coguisibh; daingneachadh air firinn agus air geallaidhibh Dhé; aoibhneas naomh agus iriosal ann an Criosd agus 'n ar co-chriosduidhibh; agus iarrtas agus dùil ni's dùrachd-aiche ri beannachadh na beatha a ta ri teachd. Agus

is òrdugh e a ta gu h-àraidh air a shònachadh airson daingneachadh ar creidimh, ar gràidh, agus ar fàis ann an gràs ; air chor 's nach còir do neach 's am bith teachd d'a ionnsuidh ach ann an creidimh.

C.—Ciod an t-ullachadh a ta feumail airson an òrdugh shòluimte so ?

M.—1. Gu'm biodh aig duine cleachdad a' chreidimh.

2. Gu'm biodh iarrtas agus toil dhùrachdach aige gabbail ri Criosd mar a Thighearn agus 'fhear-saoraidh.

3. Gu'm biodh e seirceil ris na h-uile dhaoinibh (Eoin i. 7; Mata xv. 26). Feumaidh sinn mar an ceudna aithreachas a chleachdad as ùr, ar còir ann an Criosd a dheanamh soilleir, agus ar n-anaman a bhi làn do chreidimh agus do ghràdh dha.

C.—A mhaighstir, tha mi gu mòr 'n'ur comain airson an riarachaidh a thug sibh dhomh anns na poncaibh eudthromach so a thaobh Suipeir an Tighearna ; agus a nis ged is ann le mothachadh domhain air mo neo-airidheachd mhòir, gidheadh le earbsa iriosail ann am fhear-saoraidh gràdhach, a ta gu gràsmhor a' cuireadh nan uile a ta fo throm uallaich gu teachd d'a ionnsuidh, tha rùn orm, le beannachadh Dhè, teachd gu bòrd an Tighearna air an ath là sàbaid, ag aslachadh gu h-iriosal còmhnaidh ar n-ùrnuighean-sa, chum nach tig mi gun trusgan na bainnse. ach gu 'm bi mi air m' uidheamachadh, chum 's gu 'm faigh mi na sochairean glòrmhor agus na beannachdan sin, a ta air an sàmhachadh, agus air an seulachadh an sin, do gach fear-comanachaiddh iomchuidh.

A' CHRIOCH.

